

Tha a' bhileag seo a' mineachadh dreuchd a' Bhuill Phàrlamaid (BP) agaibh, mar as urrainn dhaibh ur cuideachadh agus mar as urrainn dhuibh fios fhaighinn thuige no thuice.

## Dreuchd a' Bhuill Phàrlamaid (BP)

Tha aig BP ri bhith frithealadh air trì buidheannan sònraichte: an luchd-bhòtaidh, a' Phàrlamaid agus am pàirtidh poiliteagach dham buin iad.

Tha aon BP air a thaghadh le luchd-bhòtaidh airson Taigh nan Cumantan anns na 600+ sgìrean-taghadh anns ann Rioghachd Aonaichte. Tha dreuchd BP a' toirt a-steach deasbad agus bhòtadh air an lagh agus cùisean eile. Dh'fhaodadh gu bheil iad cuideachd nam buill de chomataidhean a bhios a' sealltainn ri laghan ùra no air an obair a tha air a dèanamh le roinnean dhen riaghaltas. Tha dreuchd aig feadhainn mar mhinistearan anns an riaghaltas no mar neach-labhairt dùbhlanaich.

'S urrainn do BhP an luchd-bhòtaidh a chuideachadh le bhith a' toirt comhairle (gu sònraichte air trioblaidean tha ag èirigh bho obair roinnean san riaghaltas), a' riochdachadh draghan an luchd-bhòtaidh anns a' Phàrlamaid agus a' riochdachadh nan sgìrean -taghadh.

'S abhaist do BhP taic a thoirt don phàrtaidh dham buin e no i le bhith bhòtadh leis na ceannardan aca ann an Taigh nan Cumantan agus le bhith riochdachadh a' phàrtaidh anns an sgìre-thaghadh aca fhèin.

## Cò mo BhP?

Ma tha fios agaibh air ur còd puist agus ma tha ceangal agaibh ris an eadarlìon, gheibh sibh fiosrachadh bho:

[www.locata.co.uk/commons/](http://www.locata.co.uk/commons/)

Air an làimh eile, faodar fònadh gu Oifis an Fhiosrachaidh aig Taigh nan Cumantan air 020 7219 4272 no faighneachd dhan Chomhairle ionadail agaibh.

## Mar a Gheibh Sibh Greim air ur BP

Tha e nas fheàrr sgrìobhadh anns a' chiad àite; tha e nas fhasa dhuibh fiosrachadh soilleir, slàn a chur ann an litir, facs no post-dealain, gus an urrainn dhan BhP coimhead gu mionaideach air an t-suidheachadh mus tòisich e gur cuideachadh.

Faodaidh sibh sgrìobhadh gu BP sam bith aig:

**Taigh nan Cumantan, Lunnainn SW1A 0AA**

Tha oifisean aig gach BP ann an Westminster no tha dòigh aca air litrichean a fhreagairt no na litrichean fhaighinn nuair nach eil iad ann an Lunnainn, agus mar sin tha e nas fheàrr sgrìobhadh thuca ann an sin an àite sgrìobhadh thuca aig na h-oifisean sgìreil aca no chun na dachaigh.

Faodaidh sibh fònadh gu oifis Westminster aig BP sam bith air 020 7219 3000. Ma tha oifis aig a' BhP anns an sgìre-thaghadh, tha còir gun lorg sibh an àireamh fòn anns an leabhar fòn ionadail fo "Members of Parliament".

Chan eil a h-uile BP air an seòladh post-dealain aca a sgaoileadh ach faodar teachdaireachd a chur chun a' chuid as motha aca le bhith a' cleachdadh foirm air an liosta aig: [www.parliament.uk/directories/hciolists/alms.cfm](http://www.parliament.uk/directories/hciolists/alms.cfm)

Tha an liosta seo cuideachd a' sealltainn ceanglaichean ri làraich-lìn BhP.

Bidh a' chuid as motha de BhP a' cumail 'freasdal-lannan' anns na sgìrean-taghadh far an urrainn do dhaoine dhol a bhruidhinn riutha. Tha còir agaibh fònadh gu oifis a' bhuill anns an sgìre-thaghadh no aig Westminster airson faighinn a-mach cuin a thathar gan cumail agus airson àm coinneachaidh a chur air dòigh.

## Ciamar as urrainn do ur BP ur cuideachadh?

Tha BP toilichte taic agus cuideachadh a thoirt dhuibh, agus tha iad deònach an luchd-bhòtaidh a chuideachadh le trioblaidean sam bith. Chan eil càil sònraichte air a chur mu choinneamh BP agus tha e an urra ris gach BP fa leth cò na suidheachaidhean fa leth anns an tèid iad an sàs. Tha e nas coltaiche gun urrainn do BhP cuideachadh a thoirt le ceistean [co-cheangailte ri seirbheisean an riaghaltais mar:](#)

- **Sochairean, peinnsein, àrachas nàiseanta**, agus gnòthaichean eile ann an raon na h-Obrach agus nam Peinnsein;
- **Imrich-a-steach** agus gnòthaichean eile ris a bheil Oifis na Dùthcha a' dèiligeadh;
- **Trioblaidean Cise** a tha toirt a-steach Oifis nan Cisean agus Oifis na Cuspainn;
- Trioblaidean leis an **NHS**;
- Trioblaidean leis an **Child Support Agency**;
- **Taic-airgid sgoiltean agus sgoiltean tha dùnadh**

Faodar bruidhinn ri Comhairliche ionadail mu trioblaidean ionadail. Cuideachd, anns a' Chuimrigh, Alba agus Èirinn a Tuath tha pàrlamaidean ionadail a' dèiligeadh ri feadhainn dhe na seirbheisean sin agus bhiodh e iomchaidh gum bruidhneadh sibh ris a' bhall sgìreil agaibh mu na gnòthaichean sin.

Anns a' bhitheantas nì ur BP a h-uile càil as urrainn dhi no dha airson luchd-taghadh a chuideachadh ach chan urrainn dhaibh taic a thoirt do gach adhbhar agus aig amannan bidh iad dhen bheachd nach iad fhèin an neach as fheàrr airson taic a thoirt seachad. Mura h-urrainn dhaibh ur cuideachadh dh' fhaodadh gun iarr iad oirbh bruidhinn ri cuideigin eile, m.e. ur Comhairliche ionadail, Biùro Comhairleachaidh a' Phobail (CAB) no buidheann ionadail eile. Airson taic laghail, dh'fhaodadh gun iarradh iad oirbh bruidhinn ri neach-lagha.

**Tha còir agaibh bruidhinn ri ur BP fhèin mu dheidhinn cheistean sam bith th' agaibh mus bruidhinn sibh ri ball sam bith eile.** Tha aon bhall ann airson gach sgìre-taghaidh agus tha iad a' riochdachadh gach neach anns an sgìre sin, chan e a-mhàin an fheadhainn a bhòt air an son.

Tha iomadh dòigh anns an urrainn do BhP cuideachadh a thoirt dhuibh. Dh'fhaodadh gun toireadh iad comhairle no gun sgrìobhadh iad as ur leth gu oifigearan no gu Ministearan. Faodaidh iad sgrìobhadh, as ur leth, far a bheil suidheachadh mì-dhòigheil ann chun a' **Parliamentary Ombudsman**.

Ma tha e iomchaidh, dh'fhaodadh am BP agaibh a' chùis a thogail ann an Taigh nan Cumantan ann an **ceist**, ann an **deasbad** no ann **an gluasad mochthraith**. Faodaidh BP cuideachd **athchuinge** a chur air adhart as leth luchd-taghaidh.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn dreuchd BP ri lorg anns a' bhileig aig HCIO *Thu Fhèin agus do BP*. Tha seo ri lorg air an eadarlìon aig:  
**[www.parliament.uk/factsheets](http://www.parliament.uk/factsheets)**

## Taic

Airson fiosrachadh mu Thaigh nan Cumantan:

**Oifis Fiosrachaidh Thaigh nan Cumantan**

Taigh nan Cumantan, Lunnainn SW1A 2TT

Fon: **020-7219 4272**

Post-dealain: **[hcinfo@parliament.uk](mailto:hcinfo@parliament.uk)**

Làrach-lìn: [www.parliament.uk/directories/hcio.cfm](http://www.parliament.uk/directories/hcio.cfm)

Facs: **020-7219 5839**

Fiosrachadh airson sgoiltean, thidsearan agus òigridh:

**Anad Foghlaim na Pàrlamaid**

Taigh nan Cumantan, Lunnainn SW1A 2TT

Fon: **020-7219 2105**

Post-dealain: **[edunit@parliament.uk](mailto:edunit@parliament.uk)**

Làrach-lìn: [www.explore.parliament.uk](http://www.explore.parliament.uk)

Fax: **020-7219 0818**

Airson fiosrachadh mu Thaigh nam Morairean:

**Oifis Fiosrachaidh Thaigh nam Morairean**

Taigh na Morairean, Lunnainn SW1A OPW

Fon: **020-7219 3107**

Post-dealain: **[hlinfo@parliament.uk](mailto:hlinfo@parliament.uk)**

Facs: **020-7219 0620**

Airson tasglannan gach Taighe:

**Oifis Chlàr Thaigh nam Morairean**

Taigh nam Morairean, Lunnainn SW1A OPW

Fon: **020-7219 3074**

Post-dealain: **[hlro@parliament.uk](mailto:hlro@parliament.uk)**

Facs: **020-7219 2570**

## Àireamhan Feumail

Airson bruidhinn ri	<b>020 7219 3000</b>
BP/Morairean:	<b>020 7222 9000</b>
Am Partaidh Tòraidheach:	<b>020 7802 1000</b>
Am Partaidh Làbarach:	<b>020 7222 7999</b>
Am Partaidh Libearalach	
Deamocratach:	<b>029 2064 6000</b>
Plaid Cymru:	<b>0131 525 8900</b>
Partaidh Nàiseanta na h-Alba:	<b>020 7227 4300</b>
A' Phàrlamaid Eòrpach:	<b>0870 240 9598</b>

Typetalk (airson daoine nach eil a' cluinntinn ro mhath):

[You and Your MP – Gaelic version – Jan 2004]